



LEASACHADH GHOIREASAN

SPÒRS GÀIDHLIG

'S e companaidh fa-leth a th' ann an Spòrs Gàidhlig le seilbh aig Comunn na Gàidhlig. Chaidh an companaidh a chur air dòigh gus focas a thoirt do dh'obair òigridh agus CnaG.

Tha CnaG ag amas air Spòrs Gàidhlig a leasachadh, gus am bi e seasmhachd a thaobh teachd a-steach, siostaman agus luchd-obrach. Tha am pròiseact seo *Spòrs Gàidhlig – Leasachadh ghoireasan*, ag amas air luchd-stiùiridh a chruthachadh tro phrògram trèanaidh. Theid na daoine seo a chleachdadh gus cur-seachadan agus foghlam a-muigh a reic do sgoiltean agus eile agus le sin, gum bi Spòrs Gàidhlig seasmhachd bhon teachd a-steach ùr seo.

Tha am pròiseact a' faighinn maoinachadh bho ChnaG fhèin, LEADER, Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd, Bòrd na Gàidhlig agus an Urras AMW. Thèid timcheall £309,000 a chosg thairis air 24 mìosan gus am pròiseact a chur an gnìomh.

Tha CnaG ag obair ann an com-pàirteachas le Loidse a' Ghlinne Mhòire, far am bi luchd-obrach Spòrs Gàidhlig stèidhichte. Tha An Loidse mar phàirt de Spòrs Alba agus iad ag ullachadh plana Gàidhlig an dràsta.

Tron chom-pàirteachas, tha CnaG a' faighinn oifis, cùrsaichean trèanaidh agus àite-fuirich airson an luchd-trèanaidh. Tha An Loidse a' faighinn luchd-obrach airson an stòir aca, an dràsta 's a-rithist, eòlas air a' Ghàidhlig agus taic a thaobh a' phlana Ghàidhlig aca.

AMAS NA DREUCHD:

'S e amas a' phrògraim seo, luchd-stiùiridh (instructors) ùr a chruthachadh, siostaman Spòrs Gàidhlig a leasachadh agus an dà chuid dhiubh seo, a chleachdadh gus Spòrs Gàidhlig a dhèanamh seasmhachd le barrachd chothroman don òigridh. Tha Spòrs Gàidhlig ag amas air obair òigridh seach obair le inbhich.

FASTICHE

Bidh luchd-obrach a' phròiseact ag obair do Chomunn na Gàidhlig agus an turastail a' tighinn tro ChnaG. Bidh CnaG a' dèiligeadh ri cuisean maoinachaidh a' phròiseict agus ag obair mar *phàrant* don phròiseact.

Le sin a ràdh, thathar an dùil gum fàs Spòrs Gàidhlig tro ùine a' phròiseict agus beag air bheag, gum bi e beagan nas neo-eismeiliche bho ChnaG ach le seilbh fhathast aig a' chompanaidh phàrant.

LUCHD-OBACH

Thèid trì seòrsa dreuchdan a chruthachadh tron phròiseact:

- Co-òrdanaichean Leasachaidh (24 mìosan) – Manaidsear a’ Phròiseict, làimhseachadh a’ phrògram trèanaidh agus gu sònraichte a’ reic phrògraman Spòrs Gàidhlig gus am pròiseact a dhèanamh seasmhachd.
- Luchd-trèanaidh (2x 12 mìosan & 2x 12 mìosan) – luchd-obrach a bhios a’ dol tron phrògram trèanaidh gus goireas daona a chruthachadh do Spòrs Gàidhlig. Thèid dithis fhadthad mìosan 01-12 agus dithis eile 13-24.
- Iùiliche Spòrs Gàidhlig – Thèid aon neach fhadthad ann an mìosan 13-24 mar iùiliche agus obrachaidh iad mar iùiliche (instructor) do Spòrs Gàidhlig. Tha e glè choltach gun tig an neach seo às a’ chiad dithis a chaidh fhadthad mar luchd-trèanaidh.

TRÈANADH

Tha trèanadh aig cridhe nan dreuchdan aig Spòrs Gàidhlig. ‘S e an t-àrd-prìomhachas gun tèid luchd-obrach a thrèanadh agus iad a chleachdadh mar ghoireas airson cur-seachadan agus eile a libhrigeadh.

Bidh luchd-trèanaidh a’ dol tro phrògram a tha adhartach, làidir agus le taic. Bu chòir dhuinn a ràdh cuideachd gum bi dùbhlann na phàirt mhòr den phrògram trèanaidh.

Leis na cùrsaichean far a bheil teisteanas foirmeil, bidh earrann trèanaidh, eòlais agus measaidh ann. Tha e an urra ri luchd-trèanaidh an cuid eòlais a leasachadh gus am bi iad aig ìre airson gach cùrsa. Bidh ùine sa phrògram-obrach airson seo ach feumaidh luchd-trèanaidh a dhol a-mach, nan ùine fhèin, gus barrachd eòlais fhaighinn.

Gheibhear an trèanadh a leanas tron phrògram:

Trèanadh no greis trèanaidh	Mineachadh
Cairn Gorm Season Pass	Gus ùine a chur seachad a’ leasachadh sgilean sgithidh.
Category D1 training+E/PCV	Airson meanbh-bhusaichean a dhràibheadh.
Lowland Leader	Cuairtean a-muigh.
Hill and Moorland Leader (with expedition module)	Cuairtean a-muigh.
Watersports - L2 Coach + stars	Caidheagadh
Outdoor Educator	Obair le sgoiltean agus buidhnean òigridh.
Velotech Silver	Càradh rothairean
Climbing Wall Award	Sreap a-staigh.
Summer Mountain Leader	Cuairtean a-muigh.
Single Pitch Award	Sreap a-muigh.
Teaching Orienteering	Làithean agus tachachartasan sligheadaireachd.
UK Mtb Leader 2	Rothair-beinne
Snowsport Scotland “Ski Instructor” award	Sgitheadh.
Working the land (SNH training)	Eòlas air obair an fhearainn agus an àrainneachd.
Gaelic in the environment	Eòlas air Gàidhlig na h-àrainneachd.
Archery	Boghadaireachd.
Soft Skills and working with people	Obair le sgoiltean agus buidhnean òigridh.
Lagganlia placements	Obair le buidhnean òigridh agus ionadan.

Loch Eil placements	Obair le buidhnean òigridh agus ionadan.
School placements	Eòlas air foghlam foirmeil agus Curriculum airson Sàr-mhathas.
Other placements	Mar iomchaidh.
Gaelic in the outdoors	Eòlas air obair le CnaG agus eile.
Project management/Event delivery/programme management	Trèanadh ann an pròiseactan.
Instructor Equipment	Uidheamachd airson gach neach.

Bidh earrann sa chumhnant-obrach ag ràdh gum feum luchd-trèanadh airgead a phàigheadh air ais do Spòrs Gàidhlig ma chleachdas iad teisteanas sam bith le buidhnean eile no air an ceann fhèin, taobh a-staigh dà bhliadhna as dèidh dhaibh Spòrs Gàidhlig fhàgail.

ÀITE-FUIRICH

Thèid àite-fuirich aig Loidse a' Ghlinne Mhòire a thoirt don luchd-trèanadh. Chan eil cosgais air an àite-fuirich ach feumaidh luchd-trèanadh an cuid-bìdhe a cheannach agus a chur air dòigh leis na goireasan a th' ann. Chan eil peataichean, caraidean no daoine eile ceadaichte san àite-fuirich. Thathar an dùil gum fuirich luchd-trèanadh aig an Loidse.

DÒIGH-OBACH:

Bidh am prògram-obrach trang le greisean fada air falbh bhon Loidse air grèisean-obrach msaa. Feumaidh luchd-trèanadh a bhith èasgaidh agus spionnadh aca airson a dhol tron phrògram. Bidh cùrsaichean foirmeil ann le trèanadh agus measadh mar phàirt dhiubh. Bidh ùine air falbh bhon Loidse air grèisean-obrach agus ann an sgoiltean.

Bidh ùine aig gach neach-obrach airson eòlas a leasachadh cuideachd. Dh'fhaodadh seo a bhith le luchd-obrach eile no mar phàirt de obair eile a tha dol aig an Loidse.

Bidh luchd-obrach ag obair ann an Stòr an Loidse, gu sònraichte sa gheamhradh, nuair a bhios uidheamachd ga sgaoileadh.

Cho fad 's urrainn, bidh am modh-obrach sùbailte ach le aon amas – gum faigh luchd-trèanadh eòlas agus teisteanasan gus obair a libhrigeadh tro Spòrs Gàidhlig.

Bidh luchd-trèanadh a' libhrigeadh a' phròiseict *Gàidhlig san Àrainneachd* le bhith tabhann bùthan-obrach agus seiseanan do sgoiltean msaa.

DRÀIBHEADH

Tha dràibheadh meanbh-bhus mar phàirt den dreuchd. Bidh luchd-obrach a' dol tro thrèanadh D1. Tha deuchainn slàinte (air pàipear), trèanadh 's measadh mar phàirt.

COTHROMAN LEASACHAIDH

Tha am prògram a' toirt deagh bhunait don luchd-trèanadh airson teisteanasan sa àm ri teachd. Thathar an dùil gum fàs Spòrs Gàidhlig agus gum fastaich e luchd-stiùiridh.

RIOCHDACHADH:

Bidh luchd-trèanaidh a' riochdachadh Spòrs Gàidhlig aig gach ìre agus feumaidh iad a bhith profaiseanta agus eòlach air a' bhuidheann agus an obair. Bidh aca ri mìneachadh carson a thathas a' cur a' phròiseict seo an gnìomh agus eòlach air suidheachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd.

CUMHNANT:

Thèid cumhnant bliadhnail a thabhann air luchd-trèanaidh le cothrom a dhol air adhart a bhith na neach-stiùiridh do Spòrs Gàidhlig san darna bliadhna.

- Cumhnant 12 mìosan
- Turastal £22,515
- Àite-fuirich mar phàirt den dreuchd (chan eil cosgais air seo)
- Cùrsaichean agus trèanaidh mar phàirt den dreuchd (chan eil cosgais air seo)
- Obair aig uairean mi-shoilsealta
- 25 làithean-saora
- Peinnsean aig 9%
- Suas gu £1,400 airson uidheamachd

SIUBHAL

Tha siubhal air feadh Alba mar phàirt den dhreuchd. Thèid cosgaisean siubhail a phàigheadh suas gu ìre a' bhuidseit.